

Tha freastal is fortan nam chrò
 nach airidh mo shealbh an-dràst',
 is tua nad laighe rim thaobh,
 mar bheatha ri taobh a' bhàis;
 grian a' soillseadh na h-oidhch',
 cluaran a' deàrrsadh mar ròs,
 an Nimh air a tharraing bhon ubhal,
 an clàbar air tionndadh gu òr.

Nach truagh an staid sam biodh mi
 nan siùbhladh tu bhuam, a ghràidh:
 O bhristeadh mo shlàint' is mo chrìdh'
 le deireadh mo sholais 's mo là;
 bhiodh madainn mar dhubhadh na h-oidhch',
 bhiodh gàire mar magadh a' bhàis,
 bhiodh m' eathar air sgeirean na gaoir,
 crìoch cheacharr' air saoghal nan dàn.

*'S tusa thug dhòmhса ciall,
 's tusa thug dhòmhса àit',
 's tusa thug dhòmhса rian,
 's acair is caladh dham bhàt
 o tha thu mar chanach an t-slèibh',
 mar ghini nam bàrd nam phòc,
 tha thu mar eun air ghleus,
 gun mheang, gun choire, gun ghò.*

Cha b' urrainn dhomh smaointinn an-dràsta
 ciamar a bhith'nn gun thu,
 mar long air chall ann an stoirm,
 mar eathar dol fodha gu grunnnd;
 mar leanabh gun mhàthair, gun iùl,
 mar thriall gun dòchas, gun dùil –
 a m' eudail, is tusa mo stiùir,
 mo sheòl, mo chaladh, mo shaogh'l.

'S tusa thug dhòmhса ciall, etc.

Ach fhad's a mhaireas mi beò,
 O seinnidh mi àrd do chliù:
 snaighidh mi sìos ann an rann
 bunait do ghràidh 's do ghaoil:
 lean thus' an Sgiobair air bòrd,
 chrom thu aig Carraig na Glòir,
 ghabh thu ri Crìosda mar Dhia,
 's mar thiodhlac, thàinig an corr.